N5

Teisteanais
Nàiseanta
2024

# X871/75/11 Cruinn-eòlas

DIMÀIRT, 23 GIBLEAN
1:00 F – 3:20 F

**Comharran gu lèir — 80**

**ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra**

Feuch **AN DARA CUID** ceist 1 **NO** ceist 2

**AN UAIR SIN** feuch ceistean 3 gu 5.

**ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra**

Feuch na ceistean UILE

**ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharra**

Feuch a **DHÀ** sam bith de na leanas.

Ceist 13 — Atharraichean gnàth-shìde

Ceist 14 — Raointean nàdarra

Ceist 15 — Gàbhaidhean àrainneachdail

Ceist 16 — Malairt agus cruinnealas

Ceist 17 — Turasachd

Ceist 18 — Slàinte

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

**ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra**

**Feuch AN DARA CUID Ceist 1 NO Ceist 2**

**AN UAIR SIN Ceistean 3 gu 5**

**Ceist 1 — Dealbhan-tìre eighichte/Dealbhan-tìre costail**

(a) Dèan sgrùdadh air a' Mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Ingleborough.
Maids feartan nan dealbhan-tìre eighichte ri na comharraidhean-clèithe cearta.

Feartan: **gleann air chumadh U** **coire** **mullach pioramaideach**

Tagh bho chomharraidhean-clèithe **741746** **825735** **808713** **742835** **3**

**Diagram C1** Coire



(b) Thoir sùil air Diagram C1.
**Mìnich** mar a chaidh coire a chruthachadh.
Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

(c) **Mìnich** diofar dhòighean anns am bi daoine a' cleachdadh dhealbhan-tìre eighichte. **4**

**A-nis feuch Ceistean 3 gu 5**

**Na feuch air Ceist 2 ma tha thu a-cheana air Ceist 1 a fhreagairt**

**Ceist 2 — Aibhnichean agus glinn/dealbhan-tìre àrd-thalamh clach-aoil**

(a) Dèan sgrùdadh air a' Mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Ingleborough.
Maids na feartan clach-aoil ri na comharraidhean-clèithe cearta.

Feartan: **uamh/cabhairn** **cabhsair clach-aoil** **poit-thollan**

Tagh bho chomharraidhean-clèithe **822744** **735825** **715793** **785724** **3**

**Diagram C2** Uamh/cabhairn clach-aoil



(b) Thoir sùil air Diagram C2.
**Mìnich** mar a chaidh uamh/cabhairn clach-aoil a chruthachadh.
Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh airson taic a thoirt don fhreagairt agad. **4**

(c) **Mìnich** diofar dhòighean anns am bi daoine a' cleachdadh dealbhan-tìre clach-aoil. **4**

**A-nis feuch Ceistean 3 gu 5**

**Ceist 3**

**Diagram C3** Ionad chur-seachadan a-muigh




Thoir sùil air Diagram C3 agus a' Mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Ingleborough.

Tha planaichean ann airson ionad chur-seachadan a-muigh a thogail aig 808715.

**Mìnich** na buannachdan **agus** na h-eas-bhuannachdan a tha an lùib a' mhapa airson an leasachaidh seo. **5**

**Ceist 4**

**Diagram C4** Dealbhan-tìre taghte san RA




Thoir sùil air Diagram C4.

Tagh **aon** seòrsa de dhealbh-tìre bho Dhiagram C4.

Airson sgìre ainmichte a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** dòighean anns am faodadh diofar chleachdaidhean-fearainn a bhith ann an còmhstri. **6**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Ceist 5**

**Diagram C5A** Cairt Sionoptaig airson 15 Samhain






**Diagram C5B** Cearcaill Stèisean-sìde



Dèan sgrùdadh air Diagram C5A agus Diagram C5B.

(a) Tha Diagram C5B a' sealltainn suidheachadh na sìde ann an 3 àiteachan air a' mhap:

Àiteachan: **Norwich** **An t-Sròn Reamhar** **Inbhir Nis**

**Maids** cearcallan stèisean-sìde, A, B agus C ris an àite cheart. **3**

(b) A' cleachdadh na cairt sionoptaig, **thoir adhbharan** airson nan atharraichean a bhios a' tachairt anns an aimsir ann an Inbhir Nis thairis air an ath 24 uairean. **5**

**[Tionndaidh an duilleag**

**[DUILLEAG BHÀN]**

**NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO**

**ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra**

**Feuch na ceistean UILE**

**Ceist 6**

Dèan sgrùdadh air a' Mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì B) de sgìre Croydon.

Dèan tomhais air na **trì** astaran (A, B agus C) eadar na h-àiteachan air an sealltainn sa chlàr.

**Maids** na freagairtean agad airson A, B agus C ris na h-astaran a gheibhear gu h-ìosal.

| | |
|---|---|
| A | Bhon stèisean-rèile (4068) chun an Urrais Nàiseanta (3661) |
| B | Bhon sgoil (3469) chun an taigh-tasgaidh (3265) |
| C | Bhon làrach campachaidh is charabhanaichean (3471) chun an raon-goilf (3461) |

Tagh bho na h-astaran a leanas: **5 km** **9.75 km** **8 km** **6.25 km** **3**

**Ceist 7**

Dèan sgrùdadh air a' Mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì B) de sgìre Croydon.

**Maids** na comharraidhean-clèithe ri na sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil cearta.

Comharraidhean-clèithe: **3962** **3265** **3873** **4166** **3863**


Tagh bho na sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil gu h-ìosal:

- CBD
- Taigheadas ùr
- Seann taigheadas
- Gnìomhachas ùr. **4**

**[Tionndaidh an duilleag**


**Ceist 8**

**Diagram C8A** Sgeidse a’ sealltainn far a bheil sgìre X air map an latha an-diugh



**Ceist 8 (a' leantainn)**

**Diagram C8B** Sgìre X ann an 1994





Dèan sgrùdadh air a' Mhap Suirbhidh Òrdanais (Nì A) de sgìre Croydon agus Diagraman C8A agus C8B.

**Thoir cunntas air** na h-atharraichean a tha air tachairt san sgìre X eadar 1994 agus an latha an-diugh. **4**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Ceist 9**

**Diagram C9** Priomh Sgìre Gnothachais (CBD) Dùn Èideann



Thoir sùil air Diagram C9.

A’ toirt iomradh air baile-mòr san t-saoghal leasaichte air an do rinn thu sgrùdadh, **thoir adhbharan** airson atharraichean o chionn ghoirid a tha air tachairt anns an CBD. **5**

**Ceist 10**

**Diagram C10** Baile-seantaidh



Thoir sùil air Diagram C10.

A’ toirt iomradh air raon ainmichte air an do rinn thu sgrùdadh, **thoir cunntas air** na dòighean anns a bheilear a’ leasachadh bailtean-seantaidh. **5**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Ceist 11**

**Diagram C11** Taghadh de thaisbeanairean leasachaidh

| **Taisbeanairean eaconamach** | **Taisbeanairean sòisealta** |
|---|---|
| % àireamh-sluaigh air am fastadh ann an àiteachas | Reat-bhàsan leanaban |
| Mòr-thoradh Dùthchail | Dùil-aoise aig àm breith |
| Teachd-a-steach cuibheasach gach duine gach bliadhna | % daoine as urrainn leughadh agus sgrìobhadh |


Dèan sgrùdadh air Diagram C11.

Tagh aon thaisbeanair eaconamach **agus** aon thaisbeanair sòisealta bhon chlàr gu h-àrd.

**Mìnich** na dòighean anns a bheil na taisbeanairean taghte agad a' sealltainn ìre leasachaidh ann an dùthaich. **4**

**Ceist 12**

**Diagram C12** Leasachaidhean a tha air tachairt o chionn ghoirid ann an tuathanachas




Thoir sùil air Diagram C12.

**Mìnich** na buannachdan **agus** na h-eas-bhuannachdan a tha an lùib leasachaidhean o chionn ghoirid ann an tuathanachas ann an dùthchannan leasaichte leithid na RA. **5**

**[Tionndaidh an duilleag**

**ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 20 comharra**

**Feuch DÀ cheist sam bith.**


| | |
|---|---|
| Ceist 13 — Atharraichean gnàth-shìde | *duilleag 17* |
| Ceist 14 — Raointean nàdarra | *duilleag 18* |
| Ceist 15 — Gàbhaidhean àrainneachdail | *duilleag 19* |
| Ceist 16 — Malairt agus cruinnealas | *duilleag 20* |
| Ceist 17 — Turasachd | *duilleag 21* |
| Ceist 18 — Slàinte | *duilleag 22* |

**Ceist 13 — Atharraichean Gnàth-shìde**

**Diagram C13A** Eimiseanan $CO_2$ bho chonnadh-fosail




(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C13A.

**Thoir cunntas mionaideach** air sgaoileadh cruinneil eimiseanan $CO_2$ bho chonnadh-fosail. **4**


**Diagram C13B** Atharraichean gnàth-shìde



(b) Thoir sùil air Diagram C13B.

**Mìnich** buaidhean atharrachadh gnàth-shìde. **6**

**Diagram C14A** Dì-choillteachadh san Amason




(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C14A.

**Thoir cunntas mionaideach** air na h-atharraichean ann an dì-choillteachadh san Amason. **4**

**Diagram C14B** Coille-uisge ann am Bolivia



(b) Thoir sùil air Diagram C14B.

**Mìnich** na ro-innleachdan manaidsearachd a dh'fhaodar a chleachdadh gus a' bhuaidh a th' aig obair dhaoine ann an sgìrean choilltean-uisge a lùghdachadh.

Bu chòir dhut iomradh a thoirt air sgìre(an) ainmichte a tha thu air a sgrùdadh nad fhreagairt. **6**

**Ceist 15 — Gàbhaidhean àrainneachdail**

**Diagram C15A** Àireamh de chrithean-talmhainn de mheudachd 5.0 gu 7.9 (2011–2021)

| Meudachd chrithean-thalmhainn | 2011 | 2012 | 2013 | 2014 | 2015 | 2016 | 2017 | 2018 | 2019 | 2020 | 2021 |
|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|---|
| **5.0 gu 5.9** | 2276 | 1401 | 1453 | 1574 | 1419 | 1550 | 1455 | 1674 | 1492 | 1312 | 2047 |
| **6.0 gu 6.9** | 185 | 108 | 123 | 143 | 127 | 130 | 104 | 117 | 135 | 112 | 140 |
| **7.0 gu 7.9** | 19 | 12 | 17 | 11 | 18 | 16 | 6 | 16 | 9 | 9 | 16 |

(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C15A.

**Thoir cunntas mionaideach** air na h-atharraichean san àireamh de chrithean-talmhainn de mheudachd 5.0 gu 7.9. **4**

**Diagram C15B** Damaiste bho chrith-thalmhainn




(b) Thoir sùil air Diagram C15B.

Le iomradh air crith(ean)-t(h)almhainn ainmichte a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** a' bhuaidh air an t-sluagh **agus** an dealbh-tìre. **6**

**[Tionndaidh an duilleag**

**Ceist 16 — Malairt agus cruinnealas**

**Diagram Q16A** Teachd-a-steach Às-mhalairt na RA 2021




(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C16A.

**Thoir cunntas mionaideach** air na h-atharraichean ann an teachd-a-steach às-mhalairt na RA bhon Fhaoilleach 2021 chun an Dùbhlachd 2021. **4**

**Diagram C16B** Neo-ionannachdan Malairt



(b) Thoir sùil air Diagram C16B.

**Mìnich** na h-adhbharan neo-ionnanachd ann am malairt eadar dùthchannan. **6**

**Diagram C17A** An àireamh de thursan phasainsearan air plèana 2020



Clàr-samhla

nas lugha na 1 millean

1 millean gu 49 millean

50 millean gu 499 millean

500 millean no barrachd

gun dàta

(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C17A.

**Thoir cunntas mionaideach** air an àireamh de thursan pasainsear air plèana ann an 2020. **4**

**Diagram C17B** Luchd-eag-thurais ann an Ceinia



(b) Thoir sùil air Diagram C17B.

Airson sgìrean ainmichte a tha thu air a sgrùdadh, **mìnich** a' bhuaidh aig eag-thurasachd air an t-sluagh **agus** an àrainneachd. **6**

**Ceist 18 — Slàinte**

**Diagram Q18A** Reataichean-bhàsan bho aillse 2019




(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C18A gu h-àrd.

**Thoir cunntas mionaideach** air na reataichean-bhàsan bho aillse ann an 2019. **4**

**Diagram C18B** Galaran taghte ann an dùthchannan an t-saoghail leasaichte

| |
|---|
| tinneas cridhe |
| aillse |
| a' chuing |

(b) Thoir sùil air Diagram Q18B gu h-àrd.

Tagh **aon** ghalar bho Dhiagram C18B gu h-àrd.

Airson a' ghalair a thagh thu, **mìnich** a' bhuaidh a bh' aige air daoine **agus** dùthchannan. **6**

**[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]**

**[DUILLEAG BHÀN]**

**NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO**

**[DUILLEAG BHÀN]**

**NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO**

*Aithneachadh air Còir-lethbhreac*

| | |
|---|---|
| Ceist 1 | Peter Turner/shutterstock.com |
| Ceist 2 | Igor Kovalchuk/shutterstock.com |
| Ceist 3 | Tsuguliev/shutterstock.com |
| Ceist 8 | Map is adapted from a 1952–61 One-inch to the mile Ordnance Survey seventh series map. Historic mapping courtesy of the National Library of Scotland. |
| Ceist 10 | Viktoria Ivanets/shutterstock.com |
| Ceist 13 | Miroslava Hlavacova/shutterstock.com |
| Ceist 14 | Jess Kraft/shutterstock.com |
| Ceist 15 | Julian Frees/shutterstock.com |
| Ceist 16 | Prazis Images/shutterstock.com |
| Ceist 17 | Sergey Novikov/shutterstock.com |